

Dè an uair a tha e?

Say what you are doing
and when

Talk about daily routine

Say that you were doing
something

Say that you were not doing
something

Ask others what they are doing

Ask others what they were
doing

Cànan:

Verbal nouns: a' dol,
a' dèanamh, a' cluich...

Introducing past tense of verb to
be: An robh? Bha/Cha robh



Bruidhinn



Èist



Leugh



Sgrìobh



Coimhead



1. An Uair (Pàirt 1)

- Èist ris an uair. (Earrann 1)
- Cluinnidh tu uair gu sia uairean.
- Obraich air an uair còmhla.

Count the clock chimes and listen to the time. You'll hear one o'clock to six o'clock. Practise telling the time together.

2. An Uair (Pàirt 2)

- Èist ris an uair. (Earrann 2)
- Cluinnidh tu seachd uairean gu dà uair dheug.
- Obraich air an uair còmhla.

Listen to the times. You'll hear seven o'clock to twelve o'clock. Practise telling the time together.

3. Dè an uair a tha e?

- Eist ris na daoine seo. (Earrann 3)
- Dè an uair a tha e?
- Sgrìobh an clàr.

Listen to these people telling the time. Copy the table.

	An uair/Time
a.	
b.	
c.	
d.	
e.	
f.	
g.	
h.	





4. Na h-uairean

- Sgrìobh an tìotal: Dè an uair a tha e?
- Dèan dealbh de chloc.
- Sgrìobh na h-àireamhan air.
- Sgrìobh na h-uairean faisg air na h-àireamhan.

Write the title **Dè an uair a tha e?** Draw a clock in your jotter and write the numbers on it. Put the times in the correct place around the clock face. Create your own clock design.



An uair	The time
Tha e...	It is...
uair	one o'clock
dà uair	two o'clock
trì uairean	three o'clock
ceithir uairean	four o'clock
còig uairean	five o'clock
sia uairean	six o'clock
seachd uairean	seven o'clock
ochd uairean	eight o'clock
naoi uairean	nine o'clock
deich uairean	ten o'clock
aon uair deug	eleven o'clock
dà uair dheug	twelve o'clock



If you want to ask someone what time it is, you say: **Dè an uair a tha e?**

To tell the time you say: **Tha e...** followed by the time.

Tha e uair. It's one o'clock.

Tha e trì uairean. It's three o'clock.

Notice that you don't need the word **aon** to say one o'clock.

anns a' mhadainn is used to say *am* in Gaelic. **feasgar** is used for *pm*.

Tha e trì uairean anns a' mhadainn. **Tha mi sgìth!**

It's three o'clock in the morning. I'm tired!



5a. Dè an uair a tha e?

- Mairs na cloaichean ris na h-uairean ceart.

Match the clocks with the correct times.



a.



b.



c.



d.



e.



f.

1. Tha e sia uairean.
2. Tha e dà uair dheug.
3. Tha e ochd uairean.
4. Tha e uair.
5. Tha e trì uairean.
6. Tha e naoi uairean.

5b. Uairean

- Sgrìobh na h-uairean ceart ann an Gàidhlig.

Write the correct times in Gaelic for the following.

Mar eisimpleir: 3 o'clock **Tha e trì uairean.**



a.



b.



c.



d.



e.



f.



6. An Cloc Mòr

- Èist ris a' chloc. (Earrann 4)
- Dè an uair a tha e?
- Sgrìobh ann an Gàidhlig.

Listen to the clock chiming the time. Write the times in Gaelic.

An uair	a.	b.	c.	d.	e.	f.	g.	h.
Tha e...								

Cuin a tha an diosgo ann?



Dihaoine, aig seachd uairean.



7. Partaidh

- Èist ris na daoine. (Earrann 5)
- Dè tha dol?
- Cuin?
- Sgrìobh an clàr.
- Lion na beàrnan.

Listen to the people talking about certain events, day and times.

Copy and complete the table.

You might want to look back over your days and events vocabulary from **Modal 4 Aonad 1**.

Remember:

anns a' mhadainn am feasgar pm



	Tachartas/Event	Latha/Day	Uair/Time
a.			
b.			10am
c.	film		
d.		Saturday	
e.	shinty game		

If you want to find out when something is happening, you ask:

Cuin a tha...? followed by what you are asking about.

Cuin a tha an consairt ann? When is the concert on?

Cuin a tha thu a' dol ann? When are you going there?

You already know how to say that something is happening on a certain day. If you want to say what time something is on, you need to use the word **aig**, followed by the time.

Tha an consairt ann Disathairne aig ochd uairean feasgar.

The concert is on Saturday at 8pm.



8a. Deich Uairean

- **Leugh mu na daoine seo.**
- **Dè tha na daoine a' dèanamh?**
- **Freagair na ceistean.**

Read what these people are doing and answer the questions.



Is mise Raonaid Nic-a-phì agus tha mi ceithir-deug. Is toigh leam ball-coise agus tha mi a' dol gu gèam Celtic agus Obar Dheathain Disathairne. Tha an gèam ann aig dà uair ann an Glaschu. Cha toigh leam Celtic idir. Cha d' fhiach iad! Is fìor thoigh leam Obar Dheathain.



Hai! 'S e Seòras Maclain an t-ainm a th' orm agus tha mi a' fuireach ann am Port Rìgh. Tha dannsa mòr ann Dihaoine ann an talla a' bhaile aig deich uairean feasgar ach chan eil tiogaidean ann a-nis. Is toigh leam dannsadh agus tha mo charaidean a' dol ann. Tha mi cho tinn ri cù!



Hallò! Is mise Ceitidh Chaimbeul agus tha mi dhà-dheug. Is toigh leam dràma agus tha mi a' dol gu club-dràma Diardaoin aig ceithir uairean anns an àrd-sgoil. Tha mi ann an dealbh-chluich Diciadain aig ochd uairean ann an talla a' bhaile.



Is mise Tomas Moireasdan. Tha mi trì-deug agus tha mi a' fuireach ann an Dùn Èideann. Tha mo cho-là-breith ann Là na Sàbaid. Airson mo cho-là-breith, tha mi fhèin agus mo charaidean a' dol gu gèam rugbaidh – Alba agus a' Chuimrigh. Tha an gèam ann aig dà uair feasgar aig Pàirc Murrayfield. Tha a' Chuimrigh math air rugbaidh ach tha Alba fìor, fìor mhath!

Ceistean

- How old is Rachel?
- Which football team does Rachel support?
- Where will the dance take place?
- Why is George not at all happy?
- Who is interested in acting?
- Why are Thomas and his friends going to the rugby game?
- Which countries are playing rugby?
- What is Thomas' opinion of the two rugby teams?



8b. Dannsa

- **Leugh na h-earrannan a-rithist.**
- **Dè tha na daoine a' dèanamh?**
- **Freagair na ceistean ann an Gàidhlig.**

Read the passages again.
What are the people doing?
Answer the questions in Gaelic.



- Càit a bheil Tòmas a' fuireach?
- Cuin a tha an dealbh-chluich ann?
- Cuin a tha an dannsa ann?
- Cuin a tha Ceitidh a' dol gu club-dràma?
- A bheil Raonaid còig-deug?
- Cuin a tha an gèam rugbaidh ann?
- A bheil dannsa ann Disathairne ann am Port Rìgh?
- A bheil Alba math air rugbaidh?



9. Tha e cairteal gu...

- Èist ris na daoine a' bruidhinn mun uair. (Earrann 6)
- Coimhead air na clocaichean.
- Dè an uair a tha e?
- Sgrìobh an uair cheart.

Listen to people telling the time. Write the correct times.



a.



b.



c.



d.



e.



f.



10. Leth-uair

- Coimhead air a' chloc.
- Seo na mionaidean.
- Dèan dealbh den chloc.
- Lìon na beàrnan.

Look at the clock.
Some of the minutes are shown.
Draw the clock in your jotter.
Fill in the missing times.



l. Tha e... uair/
uairean.

k. _____

a. Còig mionaidean
an dèidh

j. Deich
mionaidean gu

b. _____

i. _____

c. _____

h. Fichead mionaid gu

d. _____

g. _____

e. Còig mionaidean
fichead an dèidh

f. Leth-uair
an dèidh



Faclan feumail

mionaid	minute	an dèidh	past
mionaidean	minutes	gu	to
leth-uair	half		
cairteal	quarter		



Tha e leth-uair an dèidh trì. Dhachaigh!

Dè an uair a tha e?

'S math sin!



11. Tìdsear crosta

- Èist ris na daoine. (Earrann 7)
- Dè an uair a tha e?
- A bheil iad seo ceart no ceàrr?

Listen to the different times. Do they match the times in the boxes?

Tick **ceart** if the times match and **ceàrr** if they don't.

	Uair/Time	ceart	ceàrr
a.	9.05		
b.	6.45		
c.	4.15		
d.	10.50		
e.	1.45		
f.	10.30		
g.	12.25		
h.	8.20		

To tell the time in more detail, you use the same phrase as before:

Tha e... followed by the time in minutes and hours.

Tha e deich mionaidean an dèidh còig. It's ten minutes past five.

Tha e cairteal gu trì. It's quarter to three.

Tha e leth-uair an dèidh dhà. It's half past two.

Although you would say dà uair (2 o'clock), you use dhà after gu or an dèidh.

Tha e còig mionaidean gu dhà. It's five minutes to two.

Tha e leth-uair an dèidh dhà. It's half past two.

Notice you don't need the word uair or uairean here.



12a. Fuirich mionaid!

- Maids na cloaichean ris na h-uairean.

Match the clocks with the correct times.



a.



b.



c.



d.



e.



f.

1. Leth-uair an dèidh seachd.
2. Cairteal gu dhà.
3. Còig mionaidean fichead an dèidh uair.
4. Cairteal an dèidh ochd.
5. Deich mionaidean an dèidh dà uair dheug.
6. Fichead mionaid gu uair.



12b. Cloaichean

- Sgrìobh na h-uairean ann an Gàidhlig.

Write the times in Gaelic for the following.

a.



b.



c.



d.



e.



f.





13. Tha e mu thrì uairean.

- Èist ris na daoine seo. (Earrann 8)
- Dè an uair a tha e?
- Èist airson mu.
- Sgrìobh an càr.

Listen to the people. What time is it?
Listen for **mu**. Copy the table.

	Uair/Time
a.	
b.	
c.	
d.	
e.	
f.	
g.	
h.	



14. Seadh, a ghràidh

- Leugh na còmhraidhean còmhla ri caraaid.
- Freagair na ceistean ann am Beurla no Gàidhlig.

Read the conversations. Answer the questions in English or Gaelic.

- Eilidh:** Iain?
Iain: Seadh, a ghràidh.
Eilidh: Dè an uair a tha e?
Iain: Tha e mu leth-uair an dèidh seachd.
Eilidh: Sgoinneil! *Coronation Street*.
Iain: Obh, obh! Cha toigh leam *Coronation Street*.

a. Dè an uair a tha e?
b. An toigh le Iain *Coronation Street*?
- Catrìona:** Dè an uair a tha e, a Shìne?
Sìne: Chan eil fhios agam, a Chatrìona. Tha e mu chòig uairean.
Catrìona: Mu chòig uairean? Obh, obh! Tha mi a' snàmh aig còig uairean!
Tìoraich!
Sìne: Ò, tìoraich, a Chatrìona!

a. Dè an uair a tha e?
b. A bheil Catrìona a' snàmh aig sia uairean?

You can use the word **mu** (around or about) if you don't need to be exact about the time.
Mar eisimpleir:

mu shia uairean	about six o'clock
mu chairteal gu trì	about quarter to three
mu naoi uairean	about nine o'clock

Did you notice that the word **mu** can sometimes change the spelling and sound of the word that comes after it? You saw the same thing happen in **Modal 4 Aonad 2** with the words **ro**, **glè** and **fìor**.


3. **Mairead:** Hai, a Fhlòraidh! Dè tha dol?
Flòraidh: Chan eil sion, a Mhairead.
Mairead: Tha dìosgo anns an talla a-nochd. Dè do bheachd?
Flòraidh: Ò, glè mhath. Cuin a tha e ann?
Mairead: Aig naoi uairean.
Flòraidh: Chì mi thu mu chairteal gu naoi anns an talla, ma-tà.
Mairead: Math dha-rìribh!
Flòraidh: Mar sin leat an-dràsta, a Mhairead.
Mairead: Mar sin leat, a Fhlòraidh.
- a. **Cuin a tha an dìosgo ann?**
b. **Cuin a tha Flòraidh agus Mairead a' dol ann?**
4. **Ailean:** A Mhaighstir MhicLeòid.
Mgr MacLeòid: Seadh, Ailein, dè?
Ailean: Dè an uair a tha e?
Mgr MacLeòid: Tha e fichead mionaid an dèidh trì. Carson?
Ailean: Tha mi sgìth de Nuadh-eòlas.
Mgr MacLeòid: Bi modhail, Ailein! Nise, greas ort agus sgrìobh seo!
Ailean: (gu sàmhach)Huh! Cha toigh leam sgrìobhadh, cha toigh leam an sgoil agus cha toigh leam Maighstir MacLeòid.
Mgr MacLeòid: Dè? Dè tha sin, Ailein?
Ailean: Huh!
Mgr MacLeòid: Ceart, a chlas. Tha e mu leth-uair an dèidh trì. Faodaidh sibh falbh. (fuaim a' chluig) Ach fuirich mionaid, Ailein! Suidh sìos!
Ailean: Ach, a Mhaighstir MhicLeòid, tha e leth-uair an dèidh trì.
Mgr MacLeòid: Agus? Seo.
Ailean: Dè tha seo?
Mgr MacLeòid: 'S e obair-dachaigh a th' ann, Ailein, airson a-màireach. Naoi uairean sa mhadainn, mas e do thoil e.
Ailean: Ach, a Mhaighstir MhicLeòid, carson? Cha robh mi a' dèanamh càil!
Mgr MacLeòid: Tha fhios agam. Tha sin ceart. Cha robh thu a' dèanamh càil! Nise, mach à seo an-dràsta!
Ailean: Is beag orm Nuadh-eòlas!
- a. **Dè an uair a tha e?**
b. **An toigh le Ailean Maighstir MacLeòid?**
c. **A bheil obair-dachaigh aig Ailean?**
d. **A bheil Nuadh-eòlas a' còrdadh ri Ailean?**



15. Diluain

- Èist ri lain a’ bruidhinn mun latha aige. (Earrann 9)
- Coimhead air na dealbhan.
- Dè tha lain a’ dèanamh?
- Tha na dealbhan san òrdugh cheàrr.
- Cuir na dealbhan san òrdugh cheart.
- Chaidh a’ chiad fhear a dhèanamh dhut

Listen to John talking about his day. Look at the pictures. What is John doing? Put the pictures in the correct order. The first has been done for you.



1.	2.	3.	4.	5.	6.	7.	8.
g							

If you want to find out what someone is doing, you ask:
Dè tha thu a’ dèanamh?

To say what you are or are not doing you say:

Tha/Chan eil mi a’/ag... followed by what it is you are/aren’t doing.

Tha mi a’ teacsadh mo charaidean. I’m texting my friends.

Chan eil mi a’ còcaireachd. I’m not cooking.

Dè tha thu a' dèanamh?



a' bruidhinn




a' buannachadh



a' cluich iomain



a' còcaireachd



a' coimhead TBh



a' coiseachd



a' dannsadh



a' dèanamh dealbh



a' dol dhan leabaidh



a' falbh



a' faighinn



a' gabhail braicist



ag èirigh



ag èisteachd ri ceòl



ag obair



a' leughadh



a' seinn



a' seinn na pioba



a' sgrìobhadh



a' snàmh



a' suidhe



a' teacsadh

Faclan eile

a' cur putting

a' dùnadh closing

a' dol dhan sgoil going to school

Gnìomhairean Verbs

You already know quite a few verbs (doing words) in Gaelic. You used them in **Modal 2 Aonad 1** when you learned about classroom instructions and telling other people what to do.

Mar eisimpleir:

Suidh sìos! Sit down! Sgrìobh seo! Write this! Dùin an doras! Shut the door!

You also used some verbs in **Modal 4 Aonad 2** when you talked about your pastimes:

Is toigh leam snàmh agus dannsadh. I like swimming and dancing.

When you are talking about doing something, you will notice that the verb looks a bit different:

Tha mi a' suidhe sìos. Tha mi a' sgrìobhadh cairt-puist. Tha mi a' dùnadh doras.

Tha mi a' snàmh. Tha mi a' dannsadh. Tha mi ag obair.

a' or ag before a verb in Gaelic is a bit like *-ing* at the end of a verb in English.

Suidh! Sit! a' suidhe sitting Èist! Listen! ag èisteachd listening

ag only comes before verbs beginning with a vowel. a' comes before all other verbs.

For more about verbs see **Ceumannan cànan** page 359.



16. Dè tha thu a' dèanamh a-nochd?

- Tagh A, B no C, no dèan na trì!

Choose A, B or C, or do all three!


A.

- Dèan dealbh de chuideigin a' dèanamh rudeigin.

Draw a picture of someone doing something. Use A4 paper or card. Write what he/she is doing on your picture.

Mar eisimpleir: **Tha Màrtainn a' bruidhinn.**

You might like to collect pictures from the whole class and make a verb wall in your class with the title **Dè tha iad a' dèanamh?**



B.

- Dèan cartùn de dhaoine a' dèanamh diofar rudan.
- Cuir faclan mun uair ann cuideachd.
- Leugh an cartùn còmhla ri caraid.

Make a cartoon with speech bubbles showing people saying what they are doing. Try to include some time words too. Read your cartoon aloud with your partner/group.



C.

- Obraich còmhla ri caraid/buidheann.
- Sgrìobh còmhradh.
- Dè tha na tha daoine a' dèanamh?
- Cuin?
- Leugh an còmhradh còmhla.
- Clàraich air a' choimpiutair e.

With a partner/group, write a short conversation between people talking about what they are doing and when. Read your conversation together when you are finished, or record it.

Faclan feumail

A bheil thu a' dèanamh sion a-nochd?

Chan eil mi a' dèanamh sion.

Dè tha thu a' dèanamh?

Chan eil sion.

Tha mi uabhasach trang.

Are you doing anything tonight?

I'm not doing anything.

What are you doing?

Nothing.

I'm terribly busy.

Cuin a tha...?

a-nochd

a-màireach

mu

an-diugh

aig

àm pleidhe

àm dinneir

When is/are...?

tonight

tomorrow

about

today

at

interval

lunchtime

an dèidh na sgoile

meadhan-latha

meadhan-oidhche

tràth

anmoch

anns a' mhadainn

feasgar

after school

midday

midnight

early

late

in the morning (am)

in the afternoon/
evening (pm)




17. A' leughadh

- Lìon na beàrnan.
- Sgrìobh na seantasan ann am Beurla.
- Chaidh eisimpleir a dhèanamh dhut.

Fill the blanks and translate the sentences. An example has been done for you.
Mar eisimpleir:

1. Tha mi a' l e u g h a d h leabhar math an-dràsta.
I am reading a good book just now.
2. Chan eil Eilidh a' d_____h sìon a-nochd. Tha mi fhèin a' dèanamh obair-dachaigh.
3. Chan eil Seòras a' d_____dhan leabaidh tràth.
4. Tha mi a' g_____l bracaist aig cairteal gu ochd anns a' mhadainn
5. Tha mi a' b_____nn ri mo charaidean aig àm pleidhe.
6. A bheil thu a' dol gu Matamataig aig dà uair an-d_____?
7. Tha Màrtainn a' dol gu cèilidh a-nochd. Tha e a' s_____. Obh, obh, chan eil e math air!
8. Tha _____sgoil Loch Abair agus Àrd-sgoil Phort Rìgh a' cluich i_____a-màireach.
9. Tha an sgoil a' dùnadh aig t_____uairean f_____r.
10. A bheil thu a' cluich b_____c_____aig àm dinneir anns an sgoil?
11. Tha Alba agus Èirinn a' c_____h rugbaidh aig Murrayfield. Tha Alba a' b_____h!
12. Chan eil mi a' c_____d TBh an-dràsta. Tha mi ag è_____d ri ceòl.



Cuin a tha thu a' dol
dhan leabaidh?



Meadhan-oidhche.
Tha mi cho sgìth
ri cù!



Sgrìobh



Bruidhinn

18. Cuin a tha thu/sibh . . . ?

- Dèan rannsachadh anns a' chlas.
- Cuin a tha daoine a' dèanamh rudan?
- Tagh do cheistean.
- Faighnich na ceistean dhan tidsear cuideachd.
- Sgrìobh na freagairtean ann an clàr.

You are going to carry out a survey in your class to find out what time people do certain things. Choose the questions you want to ask. Include your teacher in the survey. Remember to use the polite way of asking the question. Record your results in a table.

Na ceistean

1. Cuin a tha thu/sibh _____ ?
2. _____ ?
3. _____ ?



Na freagairtean

Ainm	Freagairt 1	Freagairt 2	Freagairt 3

19. An latha agam

- Cuin a tha thu fhèin a' dèanamh rudan gach latha?
- Sgrìobh earrann ag innse mun latha agad.
- Leugh an earrann dha do charaid.
- A bheil an earrann a' còrdadh ris/rithe?

What's your daily routine? Write a paragraph about a typical day, telling what you usually do and when. Try to use new vocabulary. Once you have finished, ask your partner to listen to your work. Listen to any suggestions he/she might have about how you might improve your work. Once your passage has been corrected, you should make a neat copy on the computer, if possible. Illustrate it if you have time. Remember also to date and title your work in Gaelic.

Mar eisimpleir: **Tha mi ag èirigh aig leth-uair an dèidh seachd. Tha mi a' gabhail bracaist aig ochd uairean.**



Faclan feumail

uaireannan	sometimes
mar as trice	usually
an-còmhnaidh	always
a h-uile	every
air an oidhche	at night
an uair sin	then
an dèidh sin	after that
ag èirigh	getting up



20. Bha mi a' cluich...

- Èist ris na daoine. (Earrann 10)
- Dè tha iad ag ràdh?

Listen to the people. What are they saying?



21. Cha robh mi gu math

- Èist ris na daoine seo. (Earrann 11)
- Dè bha iad a' dèanamh?
- Sgrìobh an clàr.
- Cuir ✓ anns a' cholbh cheart.

Listen to these people being asked if they were doing certain things. What answers do they give?

Copy the table and ✓ the correct column.

	Name	Activity	Yes (I was.)	No (I was not.)
a.				
b.				
c.				
d.				
e.				



Bruidhinn



Sgrìobh



Leugh

22. An robh thu a' snàmh?

- Obraich còmhla ri caraaid.
- Tagh ciamar a nì thu an obair seo.
- Bruidhinn no sgrìobh?

Choose how you will do this task. Work with someone else in the class who has made the same choice as you.

Bruidhinn:

Ask your partner if he/she was doing certain things. You can look back at the verb pictures in this unit for some ideas. You should begin your questions **An robh thu...?** followed by what you are asking. Try adding some detail to your questions to be more specific, like times and days.

Mar eisimpleir: **An robh thu a' snàmh feasgar Disathairne?**

Take turn about to ask each other questions.

Sgrìobh:

Follow the instructions above, but write questions for each other. Once you have both written a question swap with your partner. Help each other with spelling and vocabulary. Look at each other's answers.

Faclan feumail

an-dè yesterday

a-raoir last night

air an deireadh sheachdain at the weekend

an-diugh today

a-nochd tonight

mu about/around

You already know how to use the PRESENT tense:

A bheil...? Tha Chan eil

Mar eisimpleir:

A bheil thu a' fuireach ann an Glaschu? Do you stay in Glasgow?

Tha mi ag obair. I am working.

Chan eil mi sgìth. I'm not tired.

In the PAST tense you replace A bheil?/Tha/Chan eil with:

An robh...? Bha Cha robh

Mar eisimpleir:

An robh thu a' fuireach ann an Glaschu? Were you staying in Glasgow?

Bha mi ag obair. I was working.

Cha robh mi sgìth. I was not tired.

To answer yes or no you just use Bha or Cha robh.

Màiri: An robh sibh a' cluich ball-coise?

Màrtainn: Bha.

Iain: Cha robh.

Using past tense with questions:

Cuin a bha thu aig a' phàirc?

When were you at the park?

Cò bha sin?

Who was that?

Dè bha thu a' dèanamh?

What were you doing?

Carson a bha thu anns a' Phloc?

Why were you in Plockton?

Ciamar a bha an danrsa?

How was the dance?



23. Cuin a bha Mòrag a' falbh?

- Leugh na seantansan.
- Sgrìobh na seantansan anns an tràth chaithte.
- Sgrìobh na seantansan ann am Beurla.
- Chaidh eisimpleir a dhèanamh dhut.

Read the sentences. Re-write them in the past tense and translate them.

Mar eisimpleir:

1. Cuin a **tha** Mòrag a' falbh?
Cuin a **bha** Mòrag a' falbh?
When was Marion/Morag going?
2. **A bheil** thu a' cluich air a' choimpiutair anns a' mhadainn?
3. **Tha** mi a' coimhead Hollyoaks a-nochd aig leth-uair an dèidh sia.
4. **Tha** briogais dhubh agus geansaidh purpaidh orm an-diugh.
5. **Chan eil** an club-òigridh anns an talla Dihaoine. **Tha** e anns an sgoil.
6. **A bheil** peann dubh agus fòn-làimhe anns a' bhaga?
7. **Tha** mo cho-là-breith anns a' Chèitean agus **tha** mi ceithir-deug.
8. **Tha** obair-dachaigh agam airson Cruinn-eòlas. **Tha** e furasta.



24. Dè bha thu a' dèanamh?

- Obraich ann am buidheann.
- Dèan dealbh-chluich.
- Inns dè bha a h-uile duine a' dèanamh.
- Inns cuin a bha a h-uile duine ga dhèanamh.

You have just come back to school after a holiday/weekend. Write and perform a short sketch. Say what everyone was doing, and when. Try to make it as interesting and entertaining as you can. Film your sketch if possible.



Faclan feumail

Abair latha!
 An robh e math?
 anns na saor-làithean
 Bha an t-side grod.
 Bha e math dha-rìribh!
 Bha mi ann an New York.
 Bha mo cho-là-breith ann.
 Bha tòrr spòrs ann.
 Càit an robh thu?
 Càit an robh thu fhèin?
 Carson a bha thu anns a' Phloc?
 Cha robh mi gu math.
 Ciamar a bha...?
 Cò bha còmhla riut?
 còmhla ri mo charaidean
 Cuin a bha thu air falbh?
 Dè bha thu fhèin a' dèanamh?
 Dè bha thu ris?
 Dè bha dol?
 Cha robh càil, dìreach...

What a day!
 Was it good?
 in the holidays
 The weather was horrible.
 It was great!
 I was in New York.
 It was my birthday.
 It was loads of fun.
 Where were you?
 Where were you?
 Why were you in Plockton?
 I wasn't well.
 How was...?
 Who was with you?
 with my friends
 When were you away?
 What were you doing?
 What were you up to?
 What was happening?
 Nothing, just...



25. An robh thu a' coimhead TBh?

- Freagair na ceistean ann an Gàidhlig.

Answer these questions in Gaelic

1. An robh thu anns an sgoil an-dè?
2. An robh thu a' coimhead TBh a-raoir?
3. An robh do dhinnear math an-dè?
4. Dè bha thu a' dèanamh ann an Gàidhlig an-diugh?
5. An robh thu a' cluich ball-coise an-dè?
6. An robh thu a' dèanamh obair-dachaigh air an deireadh-sheachdain?
7. An robh thu aig Eachdraidh feasgar?
8. Cuin a bha thu anns an leabaidh a-raoir?
9. Dè bha thu a' dèanamh Là na Sàbaid?
10. An robh thu ag èisteachd ann an Gàidhlig an-diugh?

You have reached the end of **Modal 4 Aonad 3**.

'S math a rinn thu!

Now check your success list to see how you are getting on.

<input type="checkbox"/>	'S urrainn dhomh I can	<input type="checkbox"/>
<input type="checkbox"/>	Tell the time in Gaelic	<input type="checkbox"/>
<input type="checkbox"/>	Say what I am doing	<input type="checkbox"/>
<input type="checkbox"/>	Talk about my daily routine	<input type="checkbox"/>
<input type="checkbox"/>	Say that I was doing something	<input type="checkbox"/>
<input type="checkbox"/>	Say I was not doing something	<input type="checkbox"/>
<input type="checkbox"/>	Ask someone what they are doing	<input type="checkbox"/>
<input type="checkbox"/>	Ask someone what they were doing	<input type="checkbox"/>

Faclan is Abairtean

* *polite/plural*

Dè an uair a tha e?

uair, an uair (f), uairean

Tha e...

uair

dà uair

trì uairean

ceithir uairean

còig uairean

sia uairean

seachd uairean

ochd uairean

naoi uairean

deich uairean

aon uair deug

dà uair dheug

aig

gu

an dèidh

cairteal

leth-uair

mionaid, a' mhionaid (f), mionaidean

feagar, am feasgar (m)

madainn, a' mhadainn (f)

anns a' mhadainn

mu

meadhan-latha

meadhan-oidhche

Cuin a tha...?

a h-uile Diluain

àin cluiche/àin pleidhe

àin dinneir

air an deireadh-sheachdain

air an oidhche

a-màireach

a-nochd

a-raoir

an-dè

an uair sin

an-còmhnaidh

an dèidh sin

***female*

What time is it?

time/hour, the time/hour, the times/hours

It is...

one o'clock

two o'clock

three o'clock

four o'clock

five o'clock

six o'clock

seven o'clock

eight o'clock

nine o'clock

ten o'clock

eleven o'clock

twelve o'clock

at

to

past/after

quarter

half(an hour)

minute, the minute, minutes

pm/in the afternoon/evening

morning, the morning

am/in the morning

about

midday

midnight

When is/are...?

every Monday

interval

dinner time

at the weekend

at night

tomorrow

tonight

last night

yesterday

then

always

after that

anmoch
anns na saor-làithean
mar as trice
tràth
uaireannan

Dè tha thu a' dèanamh?

A bheil thu a' dèanamh sìon/càil/dad/sgath?

Chan eil sìon/càil/dad/sgath a' dol.

Tha mi...

Chan eil mi...

a' bruidhinn ri mo charaidean

a' cluich

a' cluich ball-coise

a' cluich gheamannan coimpiutair

a' cluich iomain

a' cluich rugbaidh

a' còcaireachd

a' coimhead TBh

a' coimhead... air an TBh

a' cur

a' dannsadh

a' dèanamh

a' dèanamh dealbh

a' dèanamh dràma

a' dèanamh obair-dachaigh

a' dol

a' dol dhachaigh

a' dol dhan leabaidh

a' dol dhan sgoil

a' dùnadh

a' faighinn

a' fosgladh

a' gabhail

a' gabhail braicist/dinnear/tì

a' leughadh

a' leughadh leabhar

a' leum

a' seinn na pìoba

a' ruith

a' sealltainn

a' sealltainn film

a' seasamh

a' seinn

a' sgrìobhadh

a' snàmh

late
in the holidays
usually
early
sometimes

What are you doing?

Are you doing anything?

There's nothing happening.

I am...

I am not...

talking to my friends

playing

playing football

playing computer games

playing shinty

playing rugby

cooking

watching TV

watching... on TV

putting

dancing

doing/making/drawing

drawing a picture

doing drama

doing homework

going

going home

going to bed

going to school

closing

getting/receiving

opening

having/taking

having breakfast/dinner/tea

reading

reading a book

jumping

playing the pipes

running

showing/looking

showing a film

standing

singing

writing

swimming

a' suidhe
 a' teacsadh mo charaidean
 a' tighinn
 a' tighinn dhachaigh
 ag èirigh
 ag èirigh anmoch
 ag èirigh tràth
 ag èisteachd ri ceòl
 ag iasgach
 ag obair
 ag òl

sitting
 texting my friends
 coming
 coming home
 getting up
 getting up late
 getting up early
 listening to music
 fishing
 working
 drinking

Dè bha thu a' dèanamh?

Abair latha!
 An robh e math?
 An robh sibh a' dèanamh sìon/càil/dad/sgath?*

An robh thu a' dèanamh sìon/càil/dad/sgath?
 An robh sibh...?*

An robh thu...?
 Bha mi...
 Bha an t-sìde grod.
 Bha e math dha-rìribh.
 Bha mi ann an New York.
 Bha mo cho-là-breith ann.
 Bha tòrr spòrs ann.
 Càit an robh thu?
 Càit an robh thu fhèin?
